

# Lèirmheas Àrainneachdail

## Nòtaichean Stiùiridh

Chaidh an lèirmheas seo a chruthachadh gus beachdan a thoirt dhuibh airson tòiseachadh leis an t-slighe gus Bratach Uaine nan Sgoiltean-Èiceo fhaighinn.

Chan eil pàirt sam bith den mheasadh seo riatanach. Faodaidh sibh pàirt sam bith atharrachadh airson an suidheachadh agaibh fhèin.

Faodaidh sibh gach pàirt a dhèanamh ann an òrdugh, ann an òrdugh eadar-dhealaichte, no pàirtean a sheachnadh uile gu lèir nam biodh sin nas fhèarr dhuibh.

Tha an lèirmheas seo ann an trì pàirtean:

1. Gnìomh a chuidicheas le bhith a' smaoinneachadh air cho math 's a b' urrainn dhan sgoil agaibh a bhith.
2. Ceistean meòrachaidh mu Chuspairean Sgoiltean-Èiceo.
3. Gnìomh gus ur cuideachadh le bhith a' cruinneachadh na beachdan agaibh agus a' sgrìobhadh amasan.

**Tha sinn a' cleachdadh am facal 'sgoil' tron lèirmheas seo, ach atharraichibh an teirm seo gu facal nas fhèarr airson an suidheachadh agaibh fhèin ma tha sibh ag iarraidh.**

Ma tha ceistean agaibh mun Lèirmheas Àrainneachdail agaibh, cuiribh fios thugainn aig: [ecoschools@keepscotlandbeautiful.org](mailto:ecoschools@keepscotlandbeautiful.org).

## Ceum 1: Smaoinichibh air an sgoil agaibh...

Tha an eacarsaich seo ann gus ur cuideachadh le beachdan airson an t-slighe agaibh gus Bratach Uaine fhaighinn. Iarraibh air a h-uile duine smaoineachadh air dè cho math 's a 's urrainn dhan sgoil agaibh a bhith. Cò ris a bhiodh e coltach? Dè na rudan a tha sibh a' dèanamh mu thràth? Dè seòrsa rudan a 's urrainn dhuibh a dhèanamh ann an dòigh eadar-dhealaichte?

Dèan liosta, stèidhichte air na freagairtean agaibh, de phròiseactan a bhiodh math dhuibh air an t-slighe agaibh gus Bratach Uaine fhaighinn.

Faodaidh sibh seo a chleachdadh airson amasan a sgrìobhadh às dèidh na ceistean seo a dhèanamh.

### Ar beachdan airson an Sgoil-Èiceo as fheàrr a chruthachadh san sgoil againn:



## Ceum 2: Ceistean meòrachaidh

'S ann airson ur cuideachadh le taghadh chuspairean a tha am pàirt seo den Lèirmheas Àrainneachdail.

An seo, bidh agaibh ri ceistean a fhreagairt. Cuimhnichibh gur ann a-mach air ùine-sgoile a bhios a' cuid as motha de na ceistean, mura h-eil i a-mach air àiteigin eile (m.e. dachaigh).

Bidh a' cheist aig deireadh gach cuspair na ceist meòrachaidh. Tha ceistean meòrachaidh ann gus beachdan a bhrosnachadh ceangailte ris na h-amasan agus gnìomhan agaibh, ach chan fheum sibh gan dèanamh mura h-eil sibh ag iarraidh.



## Gnìomhan airson a' Chliomaid

### Mar sgoil...



Tha / Tòrr



Rud beag



Chan eil

1. A bheil sibh ag ionnsachadh mu ciamar a tha an gnàth-shìde atharrachadh?
2. A bheil sibh ag ionnsachadh mu ciamar a tha daoine ag abharrachadh atharrachadh na gnàth-shìde?
3. A bheil sibh a' dèanamh rudan gus bacadh a chur air atharrachadh na gnàth-shìde san sgoil agus san taigh?
4. Dè tha sibh a' dèanamh san sgoil no san taigh gus bacadh a chur air atharrachadh na gnàth-shìde?



## Sgudal

Chan eil



Rud beag



Cuid de dh'àitichean



A h-uile àite



1. A bheil sgudal ann taobh a-staigh ur sgoile?
2. A bheil sgudal ann timcheall ur sgoile? (air an làrach agus timcheall)

### Mar sgoil...

3. A bheil sibh a' tilgeil rudan air falbh dìreach nuair nach eil dòigh ann a bhith gan ath-chuirteachadh no gan cleachdadh ann an dòigh eile?
4. A bheil sibh ath-chuirteachadh a h-uile rud nach urrainn dhuibh ath-chleachdadh?
5. Nuair a tha an sgoil agaibh a' ceannach rudan ùra, a bheil iad a' tagh rudan seasmhach?
6. Dè tha sibh a' dèanamh aig an sgoil agaibh gus nach bi sibh a' cruthachadh cus sgudal? ath-chleachdadh chleachdadh pàipear msaa.)



Tha



Mas is trice



Chan eil



## Bith-iomadachd

### Mar sgoil...

1. A bheil sibh ag ionnsachadh mu dheidhinn bith-iomadachd agus carson a tha i cudromach?
2. A bheil sibh ag ionnsachadh mu na gnèithean tùsanach agus èiceo-shiostaman againn?
3. A bheil sibh ag ionnsachadh mu ciamar a tha daoine a' dèanamh cròn air bith-iomadachd?
4. A bheil cothroman agaibh a bhith ann an nàdar?
5. A bheil sibh a' dèanamh rudan gus bith-iomadachd a leasachadh?
6. A bheil sibh air àiteachan a chruthachadh airson nàdar anns an sgoil agus coimhearsnachd agaibh?
7. Dè tha sibh a' dèanamh anns an sgoil agus coimhearsnachd agaibh gus bith-iomadachd a dhìon agus a leasachadh?



Tha / Tòrr



Rud beag



Chan eil



## Cumhachd

### Mar sgoil...

1. A bheil sibh ag ionnsachadh mu cò as a tha cumhachd a' tighinn?
2. A bheil sibh ag ionnsachadh mun diofar eadar cumhachd ath-nuadhachail agus cumhachd neo-nuadhachail?
3. A bheil sibh ag ionnsachadh carson nach bu chòir dhuinn cumhachd a mhilleadh?
4. A bheil sibh a' dèanamh rudan gus cumhachd a ghleidheadh (mar dhealain, theasachadh agus uisge teth)?
5. Dè na rudan a tha sibh a' dèanamh san sgoil agaibh gus an cumhachd a tha sibh a' cleachdadh a lùghdachadh? (m.e. a' cur dheth na solais)



Tha / Tòrr



Rud beag



Chan eil



## Biadh agus an Àrainneachd

### Mar sgoil...

1. A bheil sibh ag ionnsachadh mu ciamar a tha biadh a' fàs?
2. A bheil sibh ag ionnsachadh mu cho cudromach 's a tha slàinte na h-ùire?
3. A bheil cothroman agaibh a bhith a' fàs, a' còicearachd agus a' feuchainn biadh eadar-dhealaichte?
4. A bheil sibh ag ionnsachadh mu ciamar a tha na dòighean a tha sinn a' dèiligeadh ri biadh a' toirt buaidh air an t-saoghail?
5. An urrainn dhuibh roghainnean-bidh a dhèanamh gus an àrainneachd a ghlèidheadh?
6. A bheil sibh a' dèanamh rudan gus caitheamh bìdh a lùghdachadh?
7. Dè tha sibh a' dèanamh aig an sgoil gus am buaidh a th' aig ur biadh air an àrainneachd a lùghdachadh?



Tha / Tòrr



Rud beag



Chan eil /

chan urrainn



## Slàinte agus Sunnd

### Mar sgoil...

1. A bheil sibh ag ionnsachadh mu shlàinte? (corp agus inntinn)
2. A bheil roghainnean fallain agaibh? (m.e. biadh fallainn, eagarsaich, mothachas)
3. A bheil an sgoil agaibh sàbhailte agus coibhneil airson a h-uile duine?
4. A bheil cothroman agaibh a bhith a' dèanamh tòrr rudan san sgoil gus cumail fiot agus fallainn?
5. Dè th' anns na rudan fallain ri dhèanamh no ri ithe san sgoil agaibh?



Tha / Tòrr



Rud beag



Chan eil



## Saoranachd na Cruinne

### Mar sgoil...



Tha / Tòrr



Rud beag



Chan eil

1. A bheil sibh a' smaoinichadh agus a' bruidhinn mu dè tha cudromach dhuibh agus cò ris a tha saoranach math coltach nur beachdan?
2. A bheil sibh ag ionnsachadh mu chultaran eadar-dhealaichte agus na creideamhan aca?
3. A bheil sibh a' cuideachadh daoine anns a' choimhearsnachd agaibh no ann am pàirtean eile den t-saoghal? (m.e. taighean cùraim, bancaichean-bìdh, a' togail airgid airson carthannais)
4. A bheil sibh a' dèanamh rudan mar sgoilearan gus an sgoil agaibh agus an t-saoghal a dhèanamh nas fheàrr airson a h-uile duine?
5. A bheil sibh a' cur taic ri daoine a tha a' feuchainn ri neo-ionnanachd agus ana-ceartas a lùghdachadh?
6. Dè tha an sgoil agaibh a' dèanamh gus ur cuideachadh a bhith nur saoranaich math? (m.e. a' togail airgid, obair-coimhearsnachd, a' dèanamh iomairt airson atharrachadh)



## Làrach na sgoile

### Mar sgoil...



Tòrr / gu tric



Rud beag / bho àm gu àm



Chan eil

1. A bheil cothrom aig a h-uile duine a bhith a' cur seachad ùine taobh a-muigh?
2. Dè cho tric 's a tha sibh a' dol a-mach?
3. Nuair a tha sibh a-muigh, a bheil tòrr rudan eadar-dhealaichte ri dhèanamh? (m.e. àite airson fois a ghabhail, àite airson spòrs, àite airson lusan fhàs)
4. A bheil tòrr cothroman agus àitichean ann air làrach na sgoile airson sgaoilearan, ur coimhearsnachd agus nàdar?
5. Dè dhèanadh làrach na sgoile nas fheàrr?



## Còmhdhail agus Siubhal

### Mar sgoil...



Tha / Tòrr



Rud beag



Chan eil

1. A bheil sibh ag ionnsachadh mu ciamar a tha toitean a' dèanamh cròn dhuinn agus don àrainneachd?
2. A bheil sibh a' dèanamh rudan gus an sgoil agaibh a dhìon bho toitean trafaig? (m.e. plana airson adhar glan)
3. An urrainn dhuibh siubhal dhan sgoil gu sàbhailte gun bhus no char? (m.e. coiseachd no air baidhseagal)
4. Dè tha sibh a' dèanamh gus an sgoil agaibh a dhìon bho toitean trafaig agus gus a dhèanamh nas fhasa coiseachd dhan sgoil?



## Uisge

### Mar sgoil...



Tha / Tòrr



Rud beag



Chan eil

1. A bheil sibh ag ionnsachadh gu bheil gach rud beò air ar planaid feamach air uisge?
2. A bheil sibh ag ionnsachadh mun chearcall uisge agus ciamar a tha uisge a' tighinn dhan tap?
3. A bheil sibh ag ionnsachadh mu carson nach bu chòir dhuinn uisge a thruailleadh?
4. A bheil sibh a' dèanamh rudan gus uisge a ghlèidheadh san sgoil agaibh?
5. A bheil sibh a' dèanamh rudan gus àrainnean na mara agus fìor-uisge a dhìon?
6. Dè na rudan a bheil sibh a' dèanamh san sgoil agaibh gus uisge a dhìon agus a ghlèidheadh? (cruinnich uisge-adhair, cuir stad air truailleachd a dhol a-steach don uisge)



## Dualchas

### Ann an sgoil agaibh...

1. A bheil sibh ag ionnsachadh mu dè a th' ann an dualchas agus dè tha e a' ciallachadh dhuibh?
2. A bheil cothroman agaibh àiteachan eachdraidheil ionadail a rannsachadh?
3. A bheil sibh ag ionnsachadh mu thraidiseanan agus sgeulachdan nan daoine a tha sa choimhearsnachd ionadail agaibh?
4. A bheil sibh ag ionnsachadh mu mar a tha atharrachadh na gnàth-shìde a' toirt buaidh air ar dualchas?
5. A bheil sibh a' dèanamh rudan airson do dhualchas ionadail a chomharrachadh agus a roinn?
6. Dè na rudan a tha thu a' dèanamh nad shuidheachadh gus do dhualchas ionadail a roinn agus a chomharrachadh?(m.e. cruinneachadh mu sgeulachd ionadail, a' gabhail pàirt ann an traidisean ionadail, a' roinn seann dealbhan)



Tha /  
tòrr



Rud beag /  
uaireannan



Chan eil



## Sgoiltean-Èiceo san fharsaingeachd

1. A bheil ceannardan san sgoil agaibh ag èisteachd ri ur beachdan mu Sgoiltean-Èiceo agus gan cuir an gnìomh?
2. A bheil sibh a' faighinn cuideachadh leis ur cuid obair airson Sgoiltean-Èiceo?
3. A bheil sibh a' faireachdainn math mu dheidhinn a' cuideachadh na h-àrainneachd agus ur coimhearsnachd.



Tha /  
tòrr



Rud beag /  
uaireannan



Chan eil



## Ceum 3: A' Tionndadh ur beachdan gu amasan

**Is math a rinn sibh airson crìoch a chur air an Lèirmheas Àrainneachdail.**

A-nis, is urrainn dhuibh am Plana Gnìomh agaibh a thòiseachadh. Dè na beachdan a nochd ann an Ceum 1 aig tòiseach an lèirmheas seo? A bheil cuspairean ann le barrachd freagairtean dearg / òrdagan sìos? A bheil ceistean shònraichte a bha inntinneach dhuibh agus air am bu toil leibh obair? An d' fhuair sibh beachdan bho na ceistean fosgailte? A bheil pròiseactan eile air am bu toil leibh obair mar phàirt den t-slighe agaibh gu bhith nur Sgoil-Èiceo?

**Dèanaibh liosta leis na beachdan a th' agaibh airson rudan ri dhèanamh gu bhith nur Sgoil-Èiceo.**

A-nis, cuiribh ur beachdan ann an òrdugh prìomhachais. Airson gach beachd, smaoinichibh: dè an amas a th' agaibh? Ciamar a nì sibh e? Nuair a tha sibh air na h-amasan agus gnìomhan agaibh a sgrìobhadh, cuir iad anns a' Phlana Gnìomh cuideachd.

Mar eisimpleir, ma tha sibh airson rudeigin a dhèanamh an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde, dh'fhaodadh sibh craobhan a chuir air làrach na sgoile gus carbon a shùigheadh agus dubhar a chruthachadh, lùghdaich caitheamh bìdh agus cuir dheth bathair-dealain nuair nach eil sibh gan cleachdadh.

Cuimhnichibh gu bheil an cuspair Gnìomhan airson a' Chliomaid riatanach, mar sin feumaidh seo a bhith anns a' Phlana Gnìomh.

### **Na h-amasan agus gnìomhan againn gus Bratach Uaine fhaighinn:**

Mura h-eil sibh cinnteach air dè tha sibh ag iarraidh a dhèanamh airson gach cuspair, thoiribh sùil air an liosta againn an seo: [Eco-Schools topics pages](#).